

## **Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid 31mh dhen Fhaoilleach 2021 Ùrnaigh aig 7f**

Tha cuimhne air ar n-eachdraidh bunaiteach dhuinn uile. Nuair a chuimhneachas sinn air ar beathannan fhèin, bidh sinn mothachail de na daoine agus na tachartasan a dhealbhaich sinn. Bidh sinn a' feuchainn ri ar n-eachdraidh fhèin a thuigsinn, agus bidh sinn a' meòrachadh air na tha sinn air call. Agus gu sònraichte aig an àm seo, bidh sinn mothachail air call agus caoidh nar coimhearsnachdan agus nar dùthaich.

Ann an Leabhar nan Salm, tha an Salmaidh a' dearbhadh gu bheil cuimhne aig Dia, agus gu sònraichte gu bheil cuimhne aige air a' chùmhnannt a rinn e leis a shluagh fhèin. Mar a tha e sgrìobhte, "cuimhnichidh e gu bràth a cho-cheangal." (Salm 111: 5). Nar cuimhne fhèin, tha sinn a' cuimhneachadh an Tighearna aig a bheil cuimhne oirne, agus cha dìochuimhnich e ar càs ann an uair ar n-àmhghair.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè a chuimhneachas oirnn,  
bi maille rinn agus sinn a' cuimhneachadh air iomadh rud.  
Bi maille rinn air an t-slighe  
eadar an-dè agus a-màireach.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a chuimhneachas oirnn,  
bi maille rinn agus sinn a' cuimhneachadh air iomadh rud.  
Bi maille rinn, agus sinn a' cuimhneachadh air na daoine agus na tachartasan  
a bha cudromach ann an dealbhadh ar beathannan.  
Deònaich dhuinn gràs agus slànachadh nar cuimhneachan.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a chuimhneachas oirnn,  
bi maille rinn agus sinn a' cuimhneachadh air iomadh rud.  
Bi maille rinn nuair a tha sinn fo bhròn,  
agus bi maille riuthasan uile a tha ri caoidh an-diugh.

Bi ri ar taobh agus na trèig sinn.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a chuimhneachas oirnn,  
bi maille rinn agus sinn a' cuimhneachadh air iomadh rud.  
Bidh maille ri luchd-obrach ann an ospadalan agus taighean-cùraim,  
a bheireas comhfhurtachd agus dòchas len cuid eòlais don fheadhainn a tha a'  
fulang.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a chuimhneachas oirnn,  
bi maille rinn agus sinn a' cuimhneachadh air iomadh rud.  
Bi maille rinn mar choimhearsnachd agus mar dhùthaich,  
neartaich sinn nar càs.  
Deònaich gun lorg sinn do sholas ann an Ìosa Crìosd as ùr, fiù 's san dorchadas.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

- An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba
- Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann
- Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba
- An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba
- An t-Urramach Lindsey Sanderson, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)
- An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba
- An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)
- An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba
- Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

- Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)
- An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich
- Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia
- Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)
- An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)